

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2022 | 2 | AN T-ÒGMHÌOS



Facal Toisich

Tha sinn an dòchas gum bi na Duilleagan seo gur ruigsinn slàn fallainn agus gu bheil sibh a' gabhail tlachd ann an tighinn an t-samhraidh. Ged a tha mi cinnteach gum bi aighear na ràithe – nach e seo a' chiad samhradh às aonais bhacaidhean a' Choròna-bhiorais? – a' toirt beagan cofhurtachd dhuibh, 's dòcha gu bheil sinn cuideachd a' faireachdainn mì-riaraichte le crannchur an t-saoghail.

Mothaichidh an neach-leughaidh gur iad cogadh agus sìth a bhios a' ruith mar ùrlair tron iris. Chan iongnadh sin agus cogadh brùideil a' dol air adhart anns an Ucràin a tha cho mòr air aire sluagh Bhreatainn. Chan e siud an aon cogadh brùideil a' tha a' dol anns an t-saoghal agus tha sinn ag ùrnaigh gun tig an latha nuair a chithear deireadh gach aimhreit dhan leithid. Leughaidh sinn anns an t-Searmon Bheag mar 'is beannaichte luchd-dèanamh na sìthe'.

Maille ri sìth tha tèarmann agus comaraich. Tha co-dhiù aon chòig millean fògarrach – àireamh sluagh na h-Alba – air teicheadh às an Ucràin, le barrachd na sin air teicheadh on dachannan. Tha nas motha buileach a' fulang goirt ann an Eaman. Chì sibh anns an Dealbh crois a bha mar chomharra air comaraich seann mhanachainn aig an robh ceangal ris an naomh Eònan (Adomnán). Bha Eònan aithnichte airson an lagh a rinn e, Càin Adomnán, a thug dìon dhaibhsan nach eil ri còmhrag ann an cogadh. Le naidheachdan uamhasan an aghaidh shìobhaltach a' nochdadh às an Ùcrain, tha teagasg Eònan cho beantainneach an-diugh agus a bha e san t-7mh linn.

Cuideachd anns an iris seo, tha colbh ùr a-mach air a' Ghàidhlig chlasaigeach ann. Bha fear dhen luchd-leughaidh againn a' sìreadh an aon seòrsa cuilbh 's a bhios sinn ag ullachadh dhaibhsan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, no nach eil cho cofhurtail a bhith ga leughadh. Mar sin tha Donnchadh gu bhith a' coimhead air sgrìobhainnean anns a' chànan aosmhor sin anns na h-irisean air thoiseach oirnn, a' toirt dhuinn beagan co-theacsa agus cuideachaidh.

Leis gach uile dhùrachd
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

Dealbh



Crois Manachainn Dhùil ann an Apainn nam Mèinnearach
© Liam Alastair Crouse 2022

Bha a' chrois seo, aon de cheithir air tùs, a' comharrachadh seann chomaraich, air an robh An Teagarmachd. Anns an t-seann aimsir, bha teagarmachd, facal eile air comaraich, stèidhichte timcheall air manachainnean, agus àiteachan beannaichte eile. Thigeadh daoine a bha fo gheur-leanmhainn a shìreadh dìon agus cobhair ann. Tha a' chrois agus an teagarmachd seo rin lorg ann an Dul, faisg air Obar Pheallaidh. Tha ceangal aig sgìre Bhraghaidh Albainn ri Naomh Eònan, no Adhamhnán (†704), agus tha beul-aithris na dùthcha seo ag innse gun deach Eònan a thiodhlacadh aig a' mhanachainn seo.

Gàidhlig Shìmplidh

Aig an àm sgrìobhaidh, tha cogadh air a bhith anns an Ucràin fad mìos. Chan eil fhios againn cuin a thig e gu crìoch. Ach tha eagal oirnn gum mair e fad greis eile fhathast. Chaidh na mìltean a mharbhadh, a leònadh agus fhuadachadh on dachaighean. Chaidh bailtean a sgrìos. Anns an Rùis tha an stàit a' bagairt air an fheadhainn a tha an aghaidh a' chogaidh. Thuir lùsa *Is beannaichte luchd dèanamh na sìthe, oir thèid clann Dhè a ghabhail orra.* (Mata 5: 9) Tha sinn ag ùrnaigh airson nan uile a tha ag obair airson sìth anns an Ucràin, agus gu sònraichte airson luchd-iomairt anns an Rùis, a tha gan cur fhèin ann an cunnart airson na sìthe. Tha sinn ag ùrnaigh gun tig sìth, agus sìth le ceartas anns an àm ri teachd. Tha sinn ag ùrnaigh airson cofhurtachd dhan a h-uile duine a tha ri bròn, a tha a' fulang agus a tha ann an suidheachaidhean mì-chinnteach agus eagallach air sgàth cogaidh, ge b' e anns an Ucràin, ann an Siria, Iorac, Afganastan no àite sam bith far a bheil strì agus fòirneart. Tha sinn ag ùrnaigh gum fosgladh an Tighearna ar cridheachan dhan a h-uile duine a tha ann am feum, agus gun dèanamaid nas urrainn dhuinn airson sìth a chur an gnìomh. Mar a tha an laoidh ag ràdh, *Dèan mi am chladhan dhe do shìth.*

Beagan cuideachaidh

thèid X a ghabhail air Y - X will be called Y

luchd-iomairt - activists

cofhurtachd - comfort. You may also see the older spelling *comhfhurtachd*.

ri bròn - in sorrow (lit. "sorrowing")

cuir an gnìomh - practice, put into effect

cladhan - channel (for water)

Gàidhlig Chlasaigeach

Dh'iarr fear dhen luchd-leughaidh againn an colbh ùr seo a thòiseachadh, a' freagairt air na th' againn do luchd-ionnsachaidh le Gàidhlig Shìmplidh, a bhith a' coimhead air stòras agus beartas na Gàidhlig o na linnnean a dh'fhalbh, a chaidh a sgrìobhaidh ann an Gàidhlig a tha ealanta agus grinn, ach rudeigin doirbh dhuinn a leughadh san latha a th' ann. Tòisicheamaid le dà rann o Ùrnaigh an Tighearna mar a nochd e ann an riochd bàrdachd ann am *Foirm na h-Urrnuidheadh*, leabhar-ùrnaigh na h-eaglaise ath-leasaichte le Sèon Carsuell, Easbaig nan Eilean ann an 1567. B' e sin a' chiad leabhar ann an Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an clò ann an Alba no Èirinn, agus tha e sgrìobhte anns an dualchainnt litreachail a chleachd an t-aos-dàna, na daoine foghlaimte a shaothraich mar lighichean, seanchaidhean, luchd-lagha agus mar sin air adhart do na cinn-chinnidh anns an dà dhùthaich.

Ged nach b' e *file* (bàrd proifeiseanta) a bh' ann an Carsuell fhèin, tha e soilleir gun robh e eòlach gu lèor air bàrdachd chlasaigeach, na dòighean a bh' aig na *filí*, a' mheadaireachd a bhiodh iad a' cleachdadh, ris an canar *filiocht* na scol leis na h-Èireannaich. Anns an dàn a rinn Carsuell air Ùrnaigh an Tighearna, chìthear mar a bha an dà chuid an creideamh ath-leasaichte agus cultar clasaigeach nan Gàidheal a' tighinn còmhla ann an meadhan an t-siathamh linn deug. A-reir coltais b' e Carsuell fhèin a rinn e, ach faodaidh a bhith gun robh e a' togail air dreachd a bh' ann na bu thràithe sna meadhan aoisean.

Aon rud a tha a' còrdadh rium gu sònraichte, 's e mar a tha Carsuell a' cleachdadh dà phaidhir "s/d" anns an dara rann: *sonas/ donas, sìth/ dìth*.

Ar n-Athair-ne atá ar nèamh,
ós é mo ghean bheith 'gud ghairm,
ag sin mo bheatha is mo bhrìgh,
go madh beandaighthe, a Rí, th'ainm.

Inte atá sonas is sìth,
gan donas, gan dìth go bráth;
go dtí do ríge is do reacht.
go sgaiole do cheart ar chách.

gean - miann, no *tlachd*, seach *trum* no a leithid mar a tha e a' ciallachadh an-diugh

go madh beandaighthe - .i. guma beannaichte

Inte - *innle*, .i. ann an nèamh (a tha boireannta)

go dtí - a dh'ionnsaigh. Tha go dtí ann an Gàidhlig na h-Èireann fhathast.

Gheibhear an leabhar, *Foirm na n-Urrnuidheadh*, deasaichte le RL Thomson, on Scottish Gaelic Texts Society.

Searmon beag

Sìth tha mi a' fàgail agaibh, mo shìth sa tha mi a' toirt dhuibh. Chan ann mar a bheir an saoghal a tha mise a' toirt dhuibh. (Eòin 14: 27)

Chì gach neach againn gu bheil sìth gann anns an t-saoghal anns an latha a th' ann. Tha cogaidhean ann, ag adhbhrachadh bàis do na mìltean agus fulangasan do mhiltean eile anns an Ucràin, an Eaman, Siria, Afganastan agus àiteachan eile. Agus, ann an cridheachan iomadh neach tha aimhreit agus an-fhois mu iomadh rud - slàinte agus sàbhailteachd fo chomhair Covid-19, cosgais bith-beò a' sìor-fhàs nas àirde cho luath, agus mìltean a' dol o mhìos gu mìos gun fhios dè nì iad airson na bilean a lìonadh, am màl a phàigheadh agus an teachd-an-tìr fhaighinn. Am measg nan rudan seo, tha lùsa ag ràdh gu bheil e a' toirt dhuinn sìth; agus chan ann a-mhàin sin, ach sìth ann am meud agus ann an inbhe nach faighear bhon t-saoghal. 'S e a tha sin a' faighinn an seo ach sìth eadar sinn fhèin agus Dia - ar rèiteachadh ris tro shaor-ghràs Dhè ann an ìobairt Chrìosd. Aig an aon àm, tha sinn a' faighinn dàimh ùr eadar sinn fhèin agus ar co-chreutairean, oir bidh gràdh agus co-chomann eadarainn.

Ma ghabhas sinn ri gràs Dhè, bidh e a' leantainn o sin gum bitheamaid beò ann an sìth le ar coimhearsnaich. *Is beannaichte luchd-dèanamh na sìthe*, thuir lùsa, *oir thèid clann Dhè a ghabhail orra*. Agus tha Soisgeul Eòin ag innse dhuinn, *dhan fheadhainn a ghabh ris* [.i. ri lùsa], *dhan fheadhainn a chreid na ainm, thug e dhaibh còir a bhith nan cloinn do Dhia*. Mar sin, tha dlùth-cheangal ann eadar gabhail ri lùsa, ri soisgeul a' ghràis, ri Facal Dhè mar a nochd e dhuinn air an talamh ann am pearsa lùsa (.i. ar rèiteachadh ri Dia) agus a' dèanamh na sìthe (.i. ag obair airson rèiteachadh eadar daoine air an talamh, agus nar beathannan fhèin). Tha an dà chuid nan comharran do chlànn Dhè. Tha sìth lùsa a' fantainn agus ag obair annainn, ag obair tro ar beathannan, a' fàs. Chan ann mar sin a tha sìth mhì-sheasmach an t-saoghail, stèidhichte air neart poileatagach, air stòras, air smachd. 'S ann air gràdh, gràdh do-thuigseach, gràdh do-labhairt, làn-ghràdh Dhè air nach tig atharrachadh no sgàil tionndaidh a-chaidh a tha sìth lùsa stèidhichte. Abair gu bheil sinn uile, agus an saoghal, feumach air an t-sìth sin an-diugh!

Lèirmheas leabhair

Dòmhnall E. Meek, *Eadar Ceòl is Coròna* (Inbhir Nis: CLÀR, 2021), £11.99

Tha mac-meanma farsaing aig Dòmhnall E. Meek, agus bidh a chuid bhàrdachd a' sruthadh ri iomadh rubha, eadar Tioradh agus Rìoghachd Nèimh: eachdraidh, dualchas agus dùthchas, slighe a bheatha fhèin, polytunnels, creideamh agus caran an t-saoghail. Tha an seo cuideachd rannan a rinn e mar chuimhneachan air caraidean nach maireann, agus air John Hume, a rinn obair mhòr airson na sìthe ann an Èirinn a Tuath, agus Asad Shah, fear aig an robh bùth ann an Glaschu agus a chaidh a mhurt ann an 2016 air sgàth 's gun robh e a' guidhe bheannachdan na Càisge air Crìosdaidhean. 'S ann an cruth tradaiseanta a tha a' mhòr-chuid de na h-òrain an seo, ann am measgachadh de mheadaireachdan, ach tha grunn ann cuideachd ann am foirm nas saoire.

Tha cuid de na h-òrain a' meòrachadh air atharrachaidhean a thàinig air beatha a' bhàird agus beatha an t-saoghail ri linn Covid-19. Chaidh a' mhòr-chuid de na dàin a dhèanamh mus robh sgeul idir ann air a' ghalair sin, ach tha grunn òrain ann air a' chuspair seo, cuid dhiubh èibhinn ("Bursday Party Zoom", "Cha Chluinn Thu Ach Coròna") agus cuid eile a' dèiligeadh ris an staing ann an dòigh nas sòlamaite ("Ainglean na Slàinte", "Na Miltean").

Ach dhomh-sa is e an dàn as fhèarr leam anns an duanaire laoidh air a bheil "An Eaglais Fhalamh", a rinn am bàrd anns an Fhaoilleach 2021, nuair a bha na h-eaglaisean a' fosgladh an dorsan a-rithist, beag air bheag. B' e gle bheag de dhaoine a bha a' frithealadh na seirbheise air an t-Sàbaid anns an deach am bàrd dhan eaglais, agus tha e a' cur an cèill cho neònach agus dubhach 's a bha e a bhith ann: *gun seinn is gun fhonn, bu lom bha an t-àit, / 's am beagan a bh' againn gun fhacal ga ràdh.*

Bha e a' coimhead mu thimcheall air an eaglais, a' faicinn nan suidheachan falamh far am b' àbhaist a chàirdean a bhith nan suidhe, ag ùrnaigh agus a' seinn mar bu nòs dhaibh. *Bha mo chridhe fo smalan, is m' aigne fo sgàil, / 's mi 'g ionndrainn gach caraid bha taiceil nam spàirn.* Tha mi cinnteach gum biodh feadhann ann am measg an luchd-leughaidh a dh'aithneachas mar a bha e a' faireachdainn nuair a thill iad dhan eaglais airson a' chiad uair às dèidh àm a' ghlasaidh, anns an eadar-shaoghal anabarrach sin anns an robh sinn, le cas a' fuireach ann an linn a' ghalair, agus cas a' falbh dhan t-saorsa a bha sinn ag iarraidh agus a bha againn roimhe.

Ach nuair a chuala e searmon air Philipianaich 1: 1–11, thug e mun ghràs a tha againn ann an cuideachd na h-eaglaise – faicseannach agus neo-fhaicsinneach, an fheadhainn a tha ann a-nis agus an fheadhainn a chaidh romhainn air an t-slighe, an fheadhainn a tha ri ar taobh agus an fheadhainn a tha fhathast nan taighean fa-leth: *'s na miltean 's na ceudan a' gleusadh an dàin, / 's am beagan a bh' againn, bha sinne nam pàirt.* Faisg oirnn no fad às, bidh iad uile a' seinn agus ag ùrnaigh ann an co-sheirm, agus b' e an tuigse seo a lton cridhe a' bhàird le aoibhneas is dòchas. Chan eil Dòmhnall Meek a' cleachdadh na h-abairte fhèin "co-chomann nan naomh" anns an laoidh seo, ach cha chuala mi agus cha do leugh mi a-riamh an teagasg sin o Creud nan Abstol air a chur an cèill cho soilleir agus cho brìghmhor 's a tha againn anns an dàn seo.

Buidhnean Leughadh a' Bhiobaill

Le Caoimhín Ó Donnaille, An t-Eilean Sgitheanach

Tha dà choinneamh leughadh a' Bhiobaill a' dol gach seachdain air Zoom, 's iad air an stiùireadh le Donnchadh Sneddon: buidheann de luchd-tòiseachaidh na Gàidhlig gach Dimàirt aig 6f (tro mheadhan na Beurla), buidheann de na h-adhartach gach Diardaoin aig 6f (tro mheadhan na Gàidhlig).

Thòisich na buidhnean seo cha mhór cho luath 's a thàinig glasadh-sluaigh a' Chovid oirnn ann an 2020. Tha iad air a bhith cho feumail 's cho soirbheachail, ge-tà, a' tarraing daoine còmhla bho fad is farsaing, gu bheil mi an dùil 's an dòchas gun cùm iad a' dol a-nis gu sìorraidh! 'S ann à gach ceàrnaidh de dh'Albainn a tha a' mhòrchuid a bhios a' gabhail pàirt, ach tha feadhainn a' tighinn a-steach cuideachd bho Shasainn, Albainn Nuaidh, Brasil, Argentina, na Stàitean Aonaichte agus Nirribhidh.

Bidh sinn a' cur tùs air a' choinneimh le ùrnaigh, mar as trice bho chuideigin eadar-dhealaichte gach seachdain, agus an uair sin ag obair tro theacsa a' Bhiobaill. Bidh Donnchadh a' dol timcheall na buidhne ann an cearcall, a' gairm air gach duine mu seach earrann a leughadh agus a eadar-theangachadh gu Beurla. Tha e làn-cheadaichte do dhuine fuireach 'na thost ag èisteachd, ge-tà, mura bheil e a' faireachdainn comasach gu leòr gus leughadh no eadar-theangachadh a dhèanamh, agus bidh daoine uaireannan a' dèanamh sin.

Tha sinn ag obair leis an eadar-theangachadh ùr Gàidhlig den Tiomnadh Nuadh, a tha uile air-loidhne aig bible.com. Tha buidheann an luchd-tòiseachaidh ag obair tro na soisgeulan, soisgeul Mharcais an-dràsta. Tha na soisgeulan nas fhasa rin tuigsinn oir tha an cànan nas simplidh, agus cuideachd tha sinn uile gu math èòlach orra. Dh'obraich buidheann nan adhartach tro Ghniomhan nan Abstol, far nach robh an cànan ro dhoirbh, ach tha sinn a-nis ag obair tro litrichean Phòil, far a bheil an cànan gu tric toinnte gu leòr. Bho bhith gan leughadh agus gan tuigsinn sa Ghàidhlig, tha sinn gu tric, saoilidh mi, a' faighinn tuigsinn orra nach fhaigheamaid bho bhith gan leughadh sa Bheurla a-mhàin. Thòisich sinn cuideachd air pàirt den uair a thide againn a chur seachad air na Sailm, on a bidh sinn gan gu tric, ach tha gu leòr annta a

tha doirbh ri tuigsinn an-diugh a thaobh gràmair agus briathrachais.

Nam bu toigh leat pàirt a ghabhail sna coinneamhan seo, cuir post-d gu Donnchadh, sneddon.duncan@gmail.com. Cuiridh e air an liosta thu, agus gheibh thu fiosrachadh gach seachdain air a' phios a bhios sinn a' leughadh, agus air a' cheangal Zoom. Chan eil feum sam bith a bhith an làthair a h-uile seachdain. Faodaidh daoine tighinn agus falbh mar a thogras iad.

Nota an luchd-deasachaidh: Bhiodh e furasta gu leòr a leithid de bhuidheann-leughaidh a chur air dòigh nur coimheasnachd fhèin, aghaidh ri aghaidh, no air loidhne. Chan fheum sibh ach seòmar-coinneachaidh, leth-bhreacan dhen teacsa agus aon neach aig a bheil misneachd ann an leughadh na Gàidhlig – uill, sin agus srùbag! Tha fios gun robh buidheann mar seo a' ruith airson nan oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig aig aon àm. Ma bhios a leithid ann far a bheil sibh, no gum bi sibh am beachd buidheann mar seo a chur air dòigh, bhitheamaid airson cluinntinn ma dheidhinn aig *Na Duilleagan!*



Naidheachdan

An t-Urr. Calum MacLeòid

Goirid mus do chuir sinn Na Duilleagan dhan chlo-bhualadair chuala sinn an naidheachd duilich gun do chaochail an t-Urr. Calum MacLeòid as t-Earrach. B' ann à Bearnaraigh a bha e, agus bha e a' fuireach ann an Uddingston. Foillsichidh sinn iomradh-bàis ceart anns an ath àireamh de na Duilleagan.

Am Bioball

Tha sinn toilichte an naidheachd a chur an cèill gum faigh na Gàidheil am Bioball ann an clò a-rithist am bliadhna-sa. Tha am Bioball air a bhith a-mach à clò fad bhliadhnaichean, ach a-nis tha Comann Bhioball na h-Alba ag obair air a chur an clò a-rithist. 'S e an t-amas a th' aca seo a dhèanamh air a' bhliadhna seo fhèin, 30 bliadhna on a nochd an deasachadh ath-sgrùdaichte le Dòmhnall E. Meek ann an 1992. A bharrachd air a sin, tha an Comann ag obair còmhla ris a' bhuidheann *Faith Comes by Hearing* agus An Tiomnadh Nuadh a chlàradh ann an riochd fuaim. Bidh barrachd naidheachd againn air a' phroiseict seo nas fhaide air adhart anns a' bhliadhna.

Glaschu

Tha muinntir Eaglais Ghàidhlig Chalum Chille ann an Glaschu ag amas air cearcall còmhraidh a chuir air dòigh ann am Baile Mòr nan Gàidheal. Bheireadh sin cothrom do dhaoine an cuid Gàidhlig a chleachdadh, le bhiht a' coinneachadh ri Gàidheil eile, agus aig an aon àm tha e ag amas air an eaglais a chur aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig anns a' bhaile. Tha na planaichean aig ìre glè thràth aig an àm sgrìobhaidh, ach tha sinn an dòchas fiosrachadh a bhith againn anns an ath àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig*.

DVD

Tha càrn mòr dhen DVD ìosa fhathast rim faotainn! 'S e fiolm a th' ann a tha stèidhichte air Soisgeul Lùcais, air a "dhubbadh" dhan Ghàidhlig. Cuiribh fios do sneddon.duncan@gmail.com le ur seòladh puist airson copaidh fhaighinn saor an asgaidh.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Bàrdachd

Íssu cé ro crochad,
ar Coimmdiu, ar n-gérat,
for cech n-dúil do-rósat
is óg-rí as-réacht.

[Ged a chaidh òsa a chrochadh
dh'èirich a-rithist ar Tighearna, ar Gaisgeach,
thairis air gach dùil a rinneadh leis,
ar Fìor-Rìgh.]

- rann o *Féilire Óengusso*, 9mh linn

Adhbhar gàire

Sgeulachd stèidhichte air clàradh Sgoil Eòlas na h-Alba, le cead.

Latha bha seo bha ministear a' gabhail ceum. Thachair e ri èildear, Aonghas, agus thuir am ministear, "tha mi air mo shàrachadh; tha rudeigin ceàrr orm." "Carson? Dè tha ceàrr?", dh'fhaighnich Aonghas. "Uil, saoilidh mi gu bheil mi air an comas a chall searmon math a libhrigeadh. Dè do bheachd fhèin?" "Uil, a ministear", ars Aonghas, "tha mi a' smaointinn nach eil spionnadh gu leòr anns na searmonan agad. Nam bu mhise thusa, ghabhainn druthag bheag mus tiginn a-steach dhan chùbaid." Chnuasaich am ministear air comhairle an èildeir agus thàinig e dhan cho-dhùnadh gun robh e a cheart cho math dha feuchainn. Air an ath Dhòmhnach, chaidh e a-steach dhan eaglais, far an robh na dìlsich àbhaisteach nan suidhe ga fheitheamh. Ghabh e druthag mus deach e a-mach a libhrigeadh an searmon, a

bha cuimseach math a rèir coltais. Air an Dòmhnach an dèidh sin, agus am facal air a dhol mun cuairt a' bhaile gun robh piseach air tighinn air searmonachadh a' mhinisteir, bha tuilleadh dhaoine an siud roimhe ga fheitheamh. Bha e air a dhòigh, agus ghabh e na dhà uimhir seach na ghabh e an t-seachdain roimhe. Agus bha an searmon aige na b' fheàrr buileach. Air an treas Dòmhnach bha an eaglais làn. Bha an druthag gu feum cinnteach, shaoil e, agus ghabh e an leth-bhotal slàn mus deach e dhan chùbaid. Nach è a libhrig an searmon. An dèidh na seirbheis, abair gun robh sogan air nuair a thachair e air Aonghas, ag ràdh: "Nach robh an searmon math an-diugh?" "Ah, bha, a mhinisteir," ars Aonghas, "ach saoilidh mi nach b' fhuilear dhut an Fhìrinn fhaighinn ceart an toiseach." "An Fhìrinn fhaighinn ceart, dè idir a tha thu a' ciallachadh a dhuine?", "Uil, a mhinisteir," ars Aonghas, "b' ann le clach a mharbh Daibhidh Goliath, chan e gun tug e lidrigeadh dha leis na buillean!"

George MacDonald (fiosraiche), Ian Paterson, (Neach-clàraidh), SA1970.83.B6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/65293>

Ùrnaigh

A Thighearna, a Phrionnsa na Sìthe,
ann an iomadh cheàrnadh dhen t-saoghail an-diugh,
tha na mìltean a' fulang air sgàth cogaidh agus fòirneirt.
Bàs agus leònadh, bròn agus fògairt,
bailtean air an leigeil, coimhearsnachdan air am briseadh,
eadar Siria agus an Ucràin, eadar Afganastan
agus an Eaman.
Tha sinn a' guidhe, a Thighearna, airson slànachaidh,
airson ceartais,
airson rèiteachaidh far a bheil strì agus fulangas.
Agus tha sinn a' guidhe airson do bheannachaidh
air luchd-dèanamh na sìthe,
agus airson fàs do rìoghachd fhèin.
Amen.